

GÀIDHLIG

CEANNARDAS FOGHLAM GÀIDHLIG

THA LUCHD-STIÙIRIDH NA SGOILE A' DÈANAMH CINNTEACH GU BHEIL MI A' FAIGHINN DEAGH FHOGHLAM GÀIDHLIG TARSAINN AIR CEANN SHÌOS AGUS CEANN ÀRD NA SGOILE.

BITHEAR A' MOTHACHADH DE NA DEAGH EISIMPLEIREAN SIN TRO SGRÙDAIDHEAN AGUS GAN COMHARRACHADH ANNS A' CHOMHAIRLE AIR FOGHLAM GÀIDHLIG.

DEAGH IONNSACHADH PROIFEISEANTA A THA ÈIFEACHDACH.

BIDH LUCHD-OBRACH AN SÀS ANN AN IOMADH SEÒRSA IONNSACHADH PROIFEISEANTA A BHEIR PISEACH AIR FOGHLAM BOGAIDH.

THA MI A' CLEACHDADH DUOLINGO AIRSON GÀIDHLIG IONNSACHADH.




THA COTHROMAN ANN DON LUCHD-OBRACH GU LÈIR GÀIDHLIG IONNSACHADH NO AN SGILEAN A LEASACHADH.

DÒIGHEAN LEASACHAIDH RO-INNLEACHDAIL

BIDH AN LUCHD-OBRACH A' CLEACHDADH COMHAIRLE AIR FOGHLAM GÀIDHLIG AGUS STIÙREADH REACHDAIL AIR FOGHLAM GÀIDHLIG.

BIDH LUCHD-OBRACH A' CLEACHDADH DATA GUS PRÌOMHACHASAN LEASACHAIDH A THAGHADH GACH BLIADHNA.



CURRAICEALAM A THA COTHROMACH, DHAN H-UILE DUINE AGUS AIR A DHEAGH DHEALBHACHADH

GLUSAD EADAR ÌREAN FOGHLAIM A TH'AIR AN DEAGH DHEALBHACHADH AGUS NAS FHAIDE

THA DEAGH PHÌSEACH A' TÌGHINN AIR MO SGILEAN 'S M' FHÌLEANTACHD ANN AN GÀIDHLIG




BIDH LUCHD-OBRACH A' DÈANAMH CINNTEACH GU BHEIL ADHARTAS AGUS LEANTAINNEACHD TRON CHURRAICEALAM.

DÈ CHO MATH 'S A THA NA THATHAS A' TABHANN ANN AN GÀIDHLIG?

CIAMAR A THA FÌOS AGAINN?

DÈ AN ATH CHEUM A GHABHAS SÌNN?



BIDH LUCHD-OBRACH, LUCHD-IONNSACHAIDH AGUS PÀRANTAN A' FÈIN-MHEASADH GU CUNBHALACH.

PRÌOMHACHASAN NÀISEANTA AIRSON GÀIDHLIG

BIDH LUCHD-STIÙIRIDH SGOILE AG AMALADH PHOILEASAIDHEAN AGUS DÒIGH OBRACH RI AMASAN AGUS CUIMSEAN AN ÙGHDARRAIS IONADAIL AGUS PLANAICHEAN NÀISEANTA.



A' CLEACHDADH NAS TRICE, AG IONNSACHADH BARRACHD

+ SÈO AR LÈIRSINN AIRSON FOGHLAM GÀIDHLIG. +

LÈIRSINN, RO-INNLEACHD AGUS ADHBHAR



THA LUCHD-STIÙIRIDH NA SGOILE NAN DEAGH EISIMPLEIR 'S IAD PRÒISEIL ÀS A' CHÀNAN AGUS A' CHULTAR AGUS BIDH IAD A' DÈANAMH UAILL À DÀ-CHÀNANAS ANN AN COIMHEARSNACHD NA SGOILE. THA GÀIDHLIG AIR A FIGHE A-STEACH DO BHEATHA AGUS ÀRAINNEACHD NA SGOILE GU H-ÈIFEACHDACH.